



clydebank housing association

## Sheltered Housing Information Leaflet in Gaelic

### Sheltered Housing

#### *Àite-Còmhnaidh Seasgair*

#### What is Sheltered Housing?

Sheltered Housing is accommodation designed specially for people over 60 years of age. The housing might be flats or bungalows. It is designed to help you live comfortably, safely and independently.

#### *Dè th'ann an àite-còmhnaidh seasgair?*

*'S e àite-fuirich a tha air a dhealbh do dhaoine nas sine na 60 bliadhna a dh'aois a th'ann an àite-còmhnaidh seasgair. Dh'fhaodadh gur e taigh beag neo flat a bhios ann. Tha e air a dhèanamh airson 's gum faighear fuireach ann an àite comhfhurtail, far a bheil sibh sàbhailte agus neo-eisimeileachd agaibh.*

#### Sheltered Housing usually has:

- \* individual accommodation with its own bathroom and fitted kitchen
- \* common areas for all the residents to use, including a laundry area, lounge, garden and guest bedroom(s) for family and friends to stay
- \* full heating
- \* a lift to upper floors
- \* a warden or manager close by to help if you need it
- \* an alarm for 24-hour emergency assistance.

#### *Mar is trice:*

*Tha àite-fuirich aig gach duine dhaibh fhèin le rùm-nighe agus cidsin.*

*Bidh goireasan ann dhan luchd-còmhnaidh air fad, àite-nigheadaireachd, seòmair-suidhe, gàradh agus rumannan-cadail far am faigh an teaghlach agus caraidean fuireach.*

*Teas*

*Lioft*

*Neach-cùraim neo manaidsear faisg air làimh a chuidicheas ma bhios feum air Rabhachan airson cuideachadh èiginn a latha is a dh'oidhche.*

#### What does the warden or manager do?

The warden or manager makes your life easier by helping you to settle in. This includes, for example, showing you how things work, keeping the area outside your home clean, carrying out repairs to your house, helping you deal with problems, and giving you advice if you need it.



clydebank housing association

## Sheltered Housing Information Leaflet in Gaelic

*Dè bhios an neach-cùraim neo am manaidsear a' dèanamh?*

*Bidh iadsan a' dèanamh gnothaichean nas fhasa dhuibhse, gur cuideachadh faighinn cleachdte ris an àite. A-measg na nì iad, seallaidh iad dhuibh mar a bhios nithean ag obair, bheir iad truissealadh air taobh a-muigh an taighe, nì iad obair-càraidh sam bith a tha ri dhèanamh, bheir iad cuideachadh dhuibh le duilgheadasan sam bith a bhios agaibh, is bheir iad comhairle oirbh ma bhios sin a dhith oirbh.*

**Who can apply?**

Anyone can apply, if you rent or own your own home. People with a medically assessed need or who wish to move closer to family and friends may have a better chance of being accepted than others.

*Cò dh'fhaodas tagradh?*

*Faodaidh duine sam bith, ma tha ur taigh fhèin agaibh neo ma tha taigh agaibh air màl. Bidh cothrom nas fheàrr aig duine le trioblaid slàinte. Feumar a bhith a' fuireach san sgìre airson bliadhna neo barrachd, neo feumaidh deagh adhbhar a bhith agaibh airson a bhith ag iarraidh fuireach san sgìre. Mar eisimpleir, 's dòcha gu bheil sibh airson a bhith nas fhaisge air an teaghlach neo air caraidean.*

**How to apply**

You can go to the local authority or to the Housing Association that provides the accommodation you are interested in, and fill in an application form. Most Sheltered Housing is rented, but some is available to buy.

*Mar a nithear tagradh*

*Theirigibh gun ùghdarras ionadail neo a' Bhuidheann Taigheadais aig a bheil an àite-còmhnaidh sa bheil ùidh agaibh, agus lìonaibh bileag-tagraidh. 'S ann ga leigeil a-mach air màl a tha a' chuid mhòr de dh'àiteachan-còmhnaidh seasgair, ach gheibhear cuid ri cheannach*

**Is Sheltered Housing right for me?**

You should think about what your own needs are and what the accommodation can offer. Is the design of the housing suitable for your needs? Is the accommodation in the right location for the services and shops you need? Is there enough room for your family or friends to visit and stay with you? Does it feel like a friendly place where you will be happy?

*Am biodh Àite-Còmhnaidh Seasgair freagarrach dhomhsa?*

*Bu chòir beachdachadh air na feuman agaibh is dè na goireasan a tha anns an àite-còmhnaidh dhuibh. A bheil cruth an taighe a' freagairt air na feuman agaibh? A bheil an t-àite faisg air na seirbhisean is na bùithnean a tha dhith oirbh? A bheil rùm gu leòr ann dhan teaghlach agaibh neo do charaidean a bhiodh airson tadhal? Am biodh sibh toilichte ann?*



clydebank housing association

**Sheltered Housing Information Leaflet in Gaelic**